

The Burrell Collection

BEATHAICHEAN ANN AN CRUINNEACHADH MHICBHURAIL

Faigh greim air plana an
taighe-thasgaidh aig
a' bhòrd-fhàilteachaidh
is tiugainn an uair
sin an tòir deagh stuth!



Faisg air an eun seo,
chì thu an aquamanile
seo an cruth leòmhainn.

Abair facal annasach a th' ann an
aquamanile, feuch is leugh an leubail
is dèan tomhas air dè seòrsa rud a
th' ann.

Carson a tha an làmhachan ud air
agus dè am feum a th' ann?



Fiosrachadh spòrsail!

Bha piorraid mar pheata aig teaghlach
MhicBhurail (na daoine a chruinnich na
rudan mìorbhaileach seo)! Tadhair air
Seòmar Hutton is chì thu grunn
phiorraidean an sin.



Dèan air na meadhan-ghailearaidhean (sin far a
bheil gorm a' chabhlaich air na ballachan!).
Faigh lorg air air an eun annasach seo;
's e pios an t-ainm a th' air an oibseact
(pyx ann am Beurla agus 's e pìogs am
fuaimeachadh air).

Thoir sùil air an leubail, dè bhiodh na bhroinn agus dè
chaidh a chleachdadh air a shon? Gheibh thu na
freagairtean air an ath-dhuilleag

freagairtean
air an ath
dhuilleig



Fanaidh sinn sna meadhan-
ghailearaidhean. Faigh lorg
air trì peantaidhean sa bheil
beathaichean as aithne dhut.

Tha an calman a' coimhead sìò
air a' chù, tha an cù a' coimhead
a-null air a' chat agus tha an cat
am beachd rudeigin a ghoid.

Dè an seòrsa de bhiadhbìdh a tha an cat
airson goid air falbh?

- ☐ Eisir
- ☐ Bobhla de
dh'uachdar
- ☐ Pìos càise



BROD NAN GLIOCASAN!

Cuimhnich gu bheil an
luchd-obrach fìor chàirdeil,
ma tha stiùireadh slighe a
dhith ort, cha leig thu leas
ach cuideachadh iarraidh
orra!




**Dèan air na Gailearaidhean an Ear.
Faigh lorg air air a' bhrat-ùrlair às na
h-Innseachan ris a bheil leubail a tha
ag ràdh “Bloigh de bhrat-ùrlair le
beathaichean neònach”.**

Tha sreath de bheathaichean mac-meanmnach
air a' bhrat-ùrlair seo. Coimhead air na tha air
a' bhrat-ùrlair agus an uair sin, san àite gu
h-ìosal, dèan dealbh de bheathach nach eil
ann thu fhèin. Is dòcha beathach an ama ri
teachd? No spèiseas ùr?
No cuir còmhla na beathaichean as
fheàrr leatsa!

**Dèan air a' Ghailearaidh a
Tuath is faigh lorg air
taisbeanadh nan each Sìneach!**

Ann an cultar Sìneach tradaiseanta, tha
an grian-chrios Sìneach glè chudromach
is tha iad a' creidsinn gu bheil buil aig a'
bheathach agadsa air a' ghrian-chrios air
do nàdar is do bhuadhan. Thathar a'
creidsinn gu bheil daoine a rugadh ann am
bliadhna an eich beòthail, frog agus
gnìomhach – dìreach mar each! Cleachd
a' chairt gu h-ìosal is feuch dè am
beathach air a' ghrian-chrios a
bhuineas dhut fhèin!

**Dèan
dealbh de
bheathach
an seo.**



FREAGAIRTEAN

Pìos – Bhiodh daoine ga
chrochadh faisg air altair le
sèineachan agus chumadh iad
na h-abhlannan coisrigte
(nàdar de dh'aran) annta ann
an eaglaisean Caitligeach.

Aquamannle – Bhiodh daoine
a' cumail uisge annta airson
làmhnan a nighe, mar is trice
os cionn bobhla, ann an
eaglaisean
Crìostaidh/Caitligeach no ro
bhiadh.

Peantadh – Tha an cat a'
sineadh spòg a dh'ionnsaigh
eisir.